

— AM BU  
MHATH LEIBH  
GUM BIODH UR PÀISTE  
DÀ-CHÀNANACH?



  
Gaelic  
in Perthshire

Gàidhlig ann an Siorrachd Pheairt





## Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig na roghainn do chloinn agus do dhaoine òga ann an sgoiltean na h-Alba ri fàs comasach ann an dà chuid Gàidhlig is Beurla.

'S e roghainn foghlam dà-chànanach a th' ann am FMG. Tha e saor is an asgaidh don a h-uile ann am Peairt agus Ceann Rois, agus tha e ri fhaighinn aig Bun-sgoil Goodlyburn ann am Peairt, agus aig Acadamaidh Bhràghad Albainn ann an Obar Pheallaidh. Ged a bhithear ag teagasg tro Ghàidhlig, thèid a' chlann le càch san sgoil air feadh thionalaidhean, chuirtean na sgoile, ghnìomhachasan taobh a-muigh a' churraicealaim, agus thachairtean coitcheann na sgoile.

Ro dheireadh Bun-sgoil 7, bidh pàistean, a fhuair an cuid foghaim tro Ghàidhlig, air a' churraicealam air fad a dhèanamh, ach bidh iad fileanta ann an Gàidhlig cuideachd. Tha an cànan ga làimhseachadh ann an tamallan co-leantach. Nuair a bhios leughadh agus sgilean cànan air an stèidheachadh gu daingeann air sgàth bogadh gu tùr air feadh a' chiad trì bliadhna, bidh obair tro Bheurla a' tòiseachadh. Bho Bhun-sgoil 7 a-mach, thathas a' cleachdadh modh-gabhail co-chothromaichte airson dèanamh cinnteach gum faigh sgoilearan an cothrom ri comas co-ionnan anns an dà chànan a ruigsinn.

# Carson Foghlam tron Ghàidhlig?

- 'S e rud àbhaisteach a th' ann an dà-chànanas ann an iomadh dùthaich, agus tha rannsachadh a' dearbhadh gur urrainn do dh'fhoghlam dà-chànanach dèanadas na cloinne san sgoil a chur am feabhas.
- Bidh luchd-bruidhinn na Gàidhlig a' cur luach nach beag ri foghlam, eaconomaidh agus dualchas na h-Alba.
- Bidh ionnsachadh an treas cànan nas fhasa don fheadhainn a tha dà-chànanach mar-thà.
- Cha leig sibh leas Gàidhlig a bhruidhinn sibh fhèin is sibhse ag iarraidh ur pàiste a chur gu foghlam tro Ghàidhlig.
- 'S e dòigh nàdarra gus an cànan ionnsachadh a th' ann am foghlam tron Ghàidhlig; cothrom dha-rìribh.

## Taghaibh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus thoiribh sàr-thòiseachadh do ur pàiste.

Tha FMG ri fhaighinn ann am Peairt agus Ceann Rois aig na sgoiltean a leanas:

### Bun-sgoil Goodlyburn

Rathad Chraoibh, Peairt, PH1 2NT  
Fòn 01738 454230

### Àrainn Acadamaidh Bhràghad Albainn

Rathad Chraoibh,  
Obar Pheallaidh, PH15 2DU  
Fòn 01887 822300

Bidh fàilte oirbh ma thadhaileas sibh air na sgoiltean.



# Beachd nam Pàrantan

*“Tha ar nighean a’ dèanamh gu fìor mhath na h-obair-sgoile ann an Gàidhlig agus Beurla. Tha fiughair mhòr againn gun tèid leatha ann am foghlam àrd-sgoileil agus nas fhaide fhathast le a cuid Gàidhlig, ma thogras i.”*

*“Bidh e a’ cur iongnadh mòr oirnn nuair a chluinneas sinn e a’ bruidhinn gu fìleanta ann an cànan eile.”*

*“Chaidh mo chur an aithne sreath farsaing de chothroman ann an Gàidhlig; telebhisean, rèidio agus teagasg nam measg. ‘S e àrainn fhosgailte ion-ghabhailta a bh’ ann a-riamh, agus tha buannachdan gun chrìoch ann do dhà-chànanaich an latha an-diugh. ‘S e pàiste glè shona san sgoil a bh’ annam, agus mholainn gu mòr ri daoine eile a leithid a dhèanamh. Tha e glè fhurasta ri cànan a bharrachd ionnsachadh cuideachd.’  
(Sgoilear a bh’ ann roimhe)*

*“‘S e FMG an taghadh a b’ fheàrr a rinn sinn son ar nighean. Tha i a’ soirbheachadh na h-ionnsachadh a cheart cho math ri a sunnd.”*

## Airson Tuilleadh Fiosrachaidh

### Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Seirbhisean Foghlaim is Cloinne  
Comhairle Pheairt is Cheann Rois  
2 Àrd-shràid  
PEAIRT  
PH1 5PH

Fòn 01738 476495/476166  
Post-d Gaelic@pkc.gov.uk  
Làrach-lìn [www.pkc.gov.uk/gaelic](http://www.pkc.gov.uk/gaelic)

### Làraich-lìn fheumail

Gàidhlig do Phàrantan -  
[www.Gaelic4parents.com](http://www.Gaelic4parents.com)

Comann nam Pàrant  
[www.parant.org.uk](http://www.parant.org.uk)

Bòrd na Gàidhlig  
[www.gaidhlig.org](http://www.gaidhlig.org)

Gheibh sibh leth-bhreac de dh'**Fhios is Freagairt** aig an sgoil ionadail agaibh no bhon làrach-lìn: [www.parant.org.uk](http://www.parant.org.uk)